Ainm ____________________ Tiotal an leabhair ____________________

# Ro-leughadh: Lìon Fhaclan

Bidh thu a' leughadh mu stòrasan na Talmhainn. Ann an ugh-chruthan an lìn, sgrìobh na stòrasan nàdarra as aithne dhut. Air na loidhnichean ri taobh gach ugh-chruth, sgrìobh na dòighean anns am bi an stòras nàdarra air a chleachdadh. An dèidh dhut Artaigil 1 a leughadh, cuir tuilleadh fiosrachaidh rid lìon. Faodaidh tu na dh'fheumas tu de dh'ugh-chruthan agus de loidhnichean a chur ris.



Ainm ____________________________________________

# Briathrachas: Clàr Eòlais nam Facal

Tha na faclan gu h-ìosal bho *Coilltean-uisge Indonìsia*. Cuir tiog anns a' bhogsa a dh'innseas dè cho eòlach 's a tha thu air an fhacal. Ma tha thu eòlach air an fhacal, sgrìobh am mìneachadh. Mura h-eil thu eòlach air an fhacal, coimhead air a shon anns a' bheag-fhaclair agus an uair sin sgrìobh am mìneachadh sa cholbh mu dheireadh.

| Facal | Eòlas math air | Air a chluinntinn | Gun eòlas idir air | Mìneachadh |
|---|---|---|---|---|
| 1. glèidhteachas | | | | |
| 2. stòrasan nàdarra | | | | |
| 3. ath-chuartachadh | | | | |
| 4. gnàth-shìde | | | | |
| 5. maileiria | | | | |
| 6. feartan | | | | |
| 7. ath-nuadhachail | | | | |

Ainm ______________________________

# Briathrachas: Clàr Eòlais nam Facal

Tha na faclan gu h-ìosal bho *Roinn-cuain Ghraonlainn*. Cuir tiog anns a’ bhogsa a dh’innseas dè cho eòlach ’s a tha thu air an fhacal. Ma tha thu eòlach air an fhacal, sgrìobh am mìneachadh. Mura h-eil thu eòlach air an fhacal, coimhead air a shon anns a’ bheag-fhaclair agus an uair sin sgrìobh am mìneachadh sa cholbh mu dheireadh.

| Facal | Eòlas math air | Air a chluinntinn | Gun eòlas idir air | Mìneachadh |
|---|---|---|---|---|
| 1. glèidhteachas | | | | |
| 2. stòrasan nàdarra | | | | |
| 3. ath-chuartachadh | | | | |
| 4. mara | | | | |
| 5. beathachadh | | | | |
| 6. pròtain | | | | |
| 7. ath-nuadhachail | | | | |

Ainm ________________________________________________

# Briathrachas: Clàr Eòlais nam Facal

Tha na faclan gu h-ìosal bho *Fàsaichean Astràilia*. Cuir tiog anns a' bhogsa a dh'innseas dè cho eòlach 's a tha thu air an fhacal. Ma tha thu eòlach air an fhacal, sgrìobh am mìneachadh. Mura h-eil thu eòlach air an fhacal, coimhead air a shon anns a' bheag-fhaclair agus an uair sin sgrìobh am mìneachadh sa cholbh mu dheireadh.

| Facal | Eòlas math air | Air a chluinntinn | Gun eòlas idir air | Mìneachadh |
|---|---|---|---|---|
| 1. glèidhteachas | | | | |
| 2. stòrasan nàdarra | | | | |
| 3. ath-chuartachadh | | | | |
| 4. gual | | | | |
| 5. às-mhalairt | | | | |
| 6. mèinnearan | | | | |
| 7. mèinnearachd | | | | |

Ainm ______________________________

# Briathrachas: Clàr Eòlais nam Facal

Tha na faclan gu h-ìosal bho *Beanntan Pheru*. Cuir tiog anns a’ bhogsa a dh’innseas dè cho eòlach ’s a tha thu air an fhacal. Ma tha thu eòlach air an fhacal, sgrìobh am mìneachadh. Mura h-eil thu eòlach air an fhacal, coimhead air a shon anns a’ bheag-fhaclair agus an uair sin sgrìobh am mìneachadh sa cholbh mu dheireadh.

| Facal | Eòlas math air | Air a chluinntinn | Gun eòlas idir air | Mìneachadh |
|---|---|---|---|---|
| 1. glèidhteachas | | | | |
| 2. stòrasan nàdarra | | | | |
| 3. ath-chuartachadh | | | | |
| 4. àirdean | | | | |
| 5. dìth-choillteachadh | | | | |
| 6. mèinnearan | | | | |
| 7. ath-lìonte | | | | |

Ainm ______________________ Tiotal an leabhair ______________________

# Modail Tuigse: A' Togail às Cho-dhùnaidhean

## Làimhsich gu Faiceallach

Caomhain cumhachd! Na fàg sgudal! Lùghdaich truailleadh èadhair! An dèan na sluagh-ghairmean sin diofar ann a bhith a' dìon na h-àrainneachd? Nì, gu dearbh. Cuidichidh oidhirpean aon duine fiù 's ri ar planaid a dhìon.

Tha feum aig lusan agus beathaichean, agus daoine nam measg, air biadh agus uisge gus a bhith beò. Coinnichidh **stòrasan nàdarra** a lorgar air an Talamh ri na feumalachdan sin. Bidh sinn a' fàs mòran den bhiadh againn ann an ùir na Talmhainn. Mas urrainn ùir a bhith air a sguabadh no air a ghlanadh air falbh le gaoth agus uisge, thèid an ùir a mhilleadh agus faodaidh talamh àitich torrach a dhol na fhàsach lom. Cuiridh tuathanaich craobhan agus cleachdaidh iad dòighean tuathanachais nas fheàrr gus nach tachair seo.

Tha craobhan cudromach cuideachd airson an èadhar a bhios sinn a' tarraing a-steach. Cleachdaidh craobhan carbon dà-ogsaighd agus nì iad an t-ogsaidean a dh'fheumas sinn gus a bhith beò. Cuideachd, nuair a thèid craobhan a leagail, caillidh mòran lusan agus bheathaichean an àrainn. Tha **glèidhteachas** chraobhan cudromach ann a bhith a' dìon na h-àrainneachd.

Nì Breatannach mar as trice còrr agus leth-thunna de sgudal sa bhliadhna. Mu dheireadh bidh an sgudal seo a' lìonadh thuill san talamh a bhios a' truailleadh uisge, èadhar agus fearann. Faodaidh sinn cuideachadh ris an àrainneachd a dhìon cuideachd le bhith ag **ath-chuartachadh**, ag ath-chleachdadh agus a' lùghdachadh na bhios sinn a' tilgeil air falbh. Gu dearbh, gabhaidh mu 80 sa cheud de sgudal dachaigh ath-chuartachadh. Nan obraicheadh a h-uile duine na bu chruaidhe air ath-chuartachadh, dh'fhaodamaid an àrainneachd a dhìon.



Bidh an sgudal a nì sinn a' truailleadh uisge, èadhar agus fearann.

## Ceumannan airson Co-dhùnaidhean a thogail

- Faighnich ceistean mun rud a leughas tu.
- Sgrùd na dealbhan gus fiosrachadh a lorg mu na tha thu a' leughadh.
- Cleachd faclan, dealbhan agus nas aithne dhut mu thràth gus co-dhùnaidhean a thogail às.

Ainm ______________________ Tiotal an leabhair ______________________

# Ro-innleachd Tuigse: A' Togail às Cho-dhùnaidhean

Cleachd an clàr seo fhad 's a bhios tu a' leughadh. Sgrìobh fìrinnean agus mion-fhiosrachadh bho na leughas tu ann an colbh 1. Sgrìobh nas aithne dhut mu thràth ann an colbh 2. An uair sin sgrìobh an co-dhùnadh a thogas tu às ann an colbh 3.

| Na leugh mi | Nas aithne dhomh | Na thogas mi às |
|---|---|---|
| | | |
| | | |
| | | |
| | | |
| | | |
| | | |
| | | |

Ainm ____________________

# Cairtean Fhaclan: Coilltean-uisge Indonìsia

Geàrr air fad nan loidhnichean dotagach. Obraich còmhla ri caraid gus na faclan a chur ann an seòrsaichean leithid 'àrainneachd'. Faodaidh cuid a dh'fhaclan a bhith ann am barrachd air aon sheòrsa.

| | |
|---|---|
| gnàth-shìde | an t-sìde chumanta ann an sgìre shònraichte |
| glèidhteachas | dìon agus cleachdadh cùramach air stòrasan nàdarra |
| maileiria | galar tropaigeach a tha ag adhbharachadh teasach àrd agus uaireannan bàs |
| stòrasan nàdarra | stuthan a tha rin lorg ann an nàdar a tha feumail do dhaoine |
| neo-ath-nuadhachail | ma thèid a chleachdadh cha tig dad na àite |
| feartan | comharraidhean no buadhan sònraichte |
| ath-chuartachadh | a' tionndadh stuthan air an cleachdadh gu bathar ùr |
| ath-nuadhachail | ma thèid a chleachdadh cuiridh nàdar tuilleadh na àite |

Ainm ____________________________________________

# Cairtean Fhaclan: Roinn-cuain Ghraonlainn

Geàrr air fad nan loidhnichean dotagach. Obraich còmhla ri caraid gus na faclan a chur ann an seòrsaichean leithid 'àrainneachd'. Faodaidh cuid a dh'fhaclan a bhith ann am barrachd air aon sheòrsa.

| | |
|---|---|
| glèidhteachas | dìon agus cleachdadh cùramach air stòrasan nàdarra |
| mara | a' buntainn ris a' mhuir |
| stòrasan nàdarra | stuthan a tha rin lorg ann an nàdar a tha feumail do dhaoine |
| neo-ath-nuadhachail | ma thèid a chleachdadh cha tig dad na àite |
| beathachadh | stuthan a chuidicheas daoine no beathaichean ri fàs no ri fuireach fallain |
| feartan | comharraidhean no buadhan sònraichte |
| ath-chuartachadh | a' tionndadh stuthan air an cleachdadh gu bathar ùr |
| ath-nuadhachail | ma thèid a chleachdadh cuiridh nàdar tuilleadh na àite |

Ainm ______________________ Tiotal an leabhair ______________________

# Roinn Ionnsachaidh

Obraich còmhla ri oileanaich a tha air leabhraichean diofraichte bhon fhear agadsa a leughadh. Tha gach ball den bhuidhinn na eòlaiche air aon sgìre far an lorgar stòrasan nàdarra. Bu chòir do gach ball am fiosrachadh bhon leabhar aige/aice a roinn gus sreath air a' chlàr a lìonadh.

| An t-àite sa bheil stòrasan | Stòrasan bhon sgìre | Mar a chleachdar na stòrasan | Mar a ghlèidhear na stòrasan |
|---|---|---|---|
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |

Ainm ______________________________ Tiotal an leabhair ______________________________

# Ceistean air Prìomh Bhun-bheachdan

Leugh na ceistean air duilleag 17 nad leabhar. Smaoinich air na dh'ionnsaich thu bho bhith a' leughadh do leabhair. An uair sin freagair na ceistean gu h-ìosal.

| **1. Ainmich dà stòras no barrachd bhon dùthaich mun do leugh thu san leabhar seo.** |
|---|
| |
| **2. Ainmich co-dhiù trì dòighean anns an cleachdar na stòrasan nàdarra air an deach bruidhinn san leabhar seo.** |
| |
| **3. Mìnich an diofar eadar stòras ath-nuadhachail agus stòras neo-ath-nuadhachail.** |
| |
| **4. Thoir co-dhiù dà eisimpleir air mar as urrainn do dhaoine stòrasan na Talmhainn a ghleidheadh.** |
| |

Ainm ______________________________ Tiotal an leabhair ______________________________

# Practas airson Siùbhlachd

Bidh thu a’ leughadh phìosan dhed leabhar còmhla ri caraid. Bidh thu a’ leughadh agus ag èisteachd turas mu seach.

Leughaidh **Luchd-leughaidh** bhon leabhraichean fhèin.Taghaidh tu earrann ghoirid ri leughadh, agus leughaidh tu an aon earrann trì tursan.

Ceartaichidh **Luchd-èisteachd** faclan a tha air am fàgail às. Nuair a chluinneas tu facal a th’ air fhàgail às, can STAD agus am facal. Iarr air an leughadair am facal seo ath-aithris. An uair sin iarr air an leughadair an seantans sin a leughadh a-rithist. Inns dhan leughadair mar a bheir e piseach air an dèidh gach leughadh, agus an uair sin lìon an liosta sgrùdaidh airson an leughadair.

## Liosta Sgrùdaidh airson Leughadh

**Ainm an leughadair**______________________________

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| Leughadh 1: | math fhèin | math | cuimseach math | cha robh ro mhath |
| Leughadh 2: | math fhèin | math | cuimseach math | cha robh ro mhath |
| Leughadh 3: | math fhèin | math | cuimseach math | cha robh ro mhath |

**Dearbh mar a rinn an leughadair adhartas.**

______ Leugh mo charaid na bu shiùbhlaiche.

______ B’ aithne dha mo charaid barrachd fhaclan.

______ Stad mo charaid airson barrachd puingeachaidh.

______ Leugh mo charaid le barrachd faireachdainn.

Ainm ______________________ Tiotal an leabhair ______________________

# Stiùireadh air Leughadh Susbaint: Artaigil air Fuasgladh Duilgheadais

Faodaidh tu artaigil air fuasgladh duilgheadais a leughadh gus faighinn a-mach mu dhuilgheadas agus mu fhuasglaidhean airson an duilgheadais. Fhad 's a bhios tu a' leughadh dhuilleagan 21-26 nad leabhar, seall airson fiosrachadh a' buntainn ri na h-iomraidhean air na Prìomh Bhun-bheachdan. An uair sin sgrìobh sìos fiosrachadh a lorgas tu anns an artaigil air fuasgladh duilgheadais a tha a' buntainn ri na Prìomh Bhun-bheachdan, agus inns dè am Prìomh Bhun-bheachd dham buin e.

**Cuspair:** ______________________

| Fiosrachadh | Prìomh Bhun-bheachd Buntainneach |
|---|---|
| | |
| | |
| | |
| | |

Ainm ______________________ Tiotal an leabhair ______________________

# Gnìomh Leabhar-Fosgailte

1. ’S e ______________ stuthan a tha rim faotainn ann an nàdar a tha feumail do dhaoine.
2. Canar ______________ ri bhith a’ tionndadh stuth a th’ air a chleachdadh gu bathar ùr.
3. ’S e ______________ dìon agus cleachdadh cùramach air stòrasan nàdarra.
4. Ainmich cuid de na stòrasan nàdarra a tha rim faotainn anns an sgìre mun do leugh thu agus inns mar a chleachdar iad. ______________________

   ______________________
5. Dè an diofar eadar stòras ath-nuadhachail agus stòras neo-ath-nuadhachail?

   ______________________
6. Ainmich cuid de na stòrasan ath-nuadhachail a tha rim faotainn anns an sgìre mun do leugh thu.

   ______________________
7. Ainmich cuid de na stòrasan neo-ath-nuadhachail a tha rim faotainn anns an sgìre mun do leugh thu.

   ______________________

   ______________________
8. Dè ghabhas dèanamh gus na stòrasan nàdarra anns an sgìre mun do leugh thu a dhìon?

   ______________________

   ______________________
9. Seall air an artaigil air fuasgladh duilgheadais a’ tòiseachadh air duilleag 21. Dè an duilgheadas a tha air a dheasbad anns an artaigil seo? Dè na rudan a tha ag adhbharachadh an duilgheadais seo?

   ______________________

   ______________________
10. Inns cuid de na fuasglaidhean a dh’fhaodadh a bhith air an duilgheadas seo.

   ______________________

   ______________________

Ainm ______________________ Tiotal an leabhair ______________________

# Ro-sgrìobhadh

Bidh thu a' sgrìobhadh artaigil air fuasgladh duilgheadais. Bu chòir fiosrachadh a bhith nad artaigil mu chùis glèidhteachais air am bu chòir fios a bhith aig daoine, nad bheachd-sa. Cleachd an t-artaigil air fuasgladh duilgheadais a' tòiseachadh air duilleag 21 mar mhodail.

Cùis: ______________________

Prìomh dhuilgheadas: ______________________

______________________

______________________

Adhbharan airson an duilgheadais seo: ______________________

______________________

______________________

______________________

Fuasglaidhean air an duilgheadas seo: ______________________

______________________

______________________

______________________

Fiosrachadh cudromach eile: ______________________

______________________

______________________

______________________

______________________